

FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|

G

1220/29/01

Total

| |
|--|
| |
|--|

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIARDAOIN, 2 CÈITEAN
9.55 AM – 10.35 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Leughadh

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

THURSDAY, 2 MAY
9.55 AM – 10.35 AM

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
GENERAL
READING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

| |
|--|
| |
|--|

Baile

| |
|--|
| |
|--|

Ciad ainm(ean)

| |
|--|
| |
|--|

Sloinneadh

| |
|--|
| |
|--|

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

| | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|

| | | | | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|

| |
|--|
| |
|--|

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.

Tha Pàirt 1 agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Pàirt 2 agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN

Pàirt 1

Bha Alasdair a' dol a ghabhail pàirt ann an Duais Diùc Dhùn Èidinn anns an sgoil nuair a thill iad an dèidh làithean-saora an t-samhraidh. Bhitheadh a h-uile duine a bha a' gabhail pàirt a' dèanamh turas anns am biodh iad a' coiseachd fichead mìle le aon oidhche a' campachadh. A bharrachd air sin bhiodh iad ag obair gu saor-thoileach airson buidheann anns a' choimhearsnachd. Shaoil Alasdair gun gabhadh e fhèin agus a charaid Iain sgrìob anns a' mhonadh air cùl nan taighean aca mar ullachadh airson an turais fhèin. Bha Alasdair sùbailte gu leòr oir biodh e a' snàmh agus a' coiseachd. Air an làimh eile, b' fheàrr le Iain a bhith a' cluich geamaichean coimpiutair agus a' coimhead air an telebhisean.

An ath mhadainn choinnich iad tràth aig taigh Iain. Chuir iad gach nì a dh'fheumadh iad airson an latha ann am màileidean. An dèidh sin, thog iad orra gu sunndach. Bha am monadh a' sìneadh a dh'ionnsaigh nam beanntan. B' fheudar dhaibh a bhith faiceallach dè an t-slighe a ghabhadh iad oir bha an ceum gu math creagach agus corrach ann an àitean. Shreap iad thairis air geata agus b' ann an uair sin a bhris aon de na bannan a bha a' cumail a mhàileid air druim Iain. “Feumaidh tu a cheangal ri chèile,” arsa Alasdair. Rinn Iain sin agus smaoinich e airson a' chiad uair dè eile a dh'fhaodadh a dhol ceàrr.

Thòisich iad a' coiseachd thar a' mhonaidh agus bha Iain a' faireachdainn cràdh anns gach cnàimh na chom leis a' chuideam air a dhruim. Thàinig iad an uair sin gu abhainn a bha a' ruith tron mhonadh. Mar a bu trice bha e furasta gu leòr faighinn tarsainn oirre ach bha an t-uisge air a bhith ann agus bha na clachan air an còmhdach le bùrn a bha a' ruith gu cas. “Bidh do bhòtannan air an glanadh co-dhiù,” thuirt Alasdair. Bha gruaim air aodann Iain. B' fheudar dhaibh a bhith faiceallach ach fhuair iad thairis gu sàbhailte. Cha b' fhada an uair sin gus an do ràinig iad far am biodh iad a' campachadh airson na h-oidhche. Deagh àite, smaoinich Alasdair. Bha e ann an gleann beag a bheireadh dhaibh fasnadh, ri taobh allt beag às am faigheadh iad bùrn, le craobhan faisg air làimh leis am faodadh iad teine a dhèanamh. Cha robh cùisean cho dona an dèidh a h-uile càil!

Comharraidhean

CEISTEAN

1. (a) Dè bha Alasdair a' dol a dhèanamh an dèidh nan làithean-saora?

_____ 1

(b) Dè bhitheadh daoine a' dèanamh mar phàirt den sgeama?

_____ 2

2. Carson a bha iad a' dol a ghabhail sgrìob anns a' mhonadh?

_____ 2

3. (a) Dè bu choireach gun robh Alasdair sùbailte?

_____ 2

(b) Carson nach robh Iain cho sùbailte?

_____ 2

4. Dè rinn iad an ath mhadainn?

_____ 3

[Tha ceistean 5, 6, 7, 8 agus 9 air duilleag a ceithir

Comharraidhean

5. Carson a dh'fheumadh iad a bhith faiceallach?

2

6. Dè thachair do Iain air a' gheata?

2

7. Carson a bha Iain a' faireachdainn goirt?

1

8. Carson a bha e doirbh dhaibh faighinn tarsainn air an abhainn?

2

9. Carson a bha an t-àite-campachaidh aca cho freagarrach?

3

(22)

[Tha Pàirt 2 air duilleagan 5, 6 agus 7

Pàirt 2

An dèidh a bhith a' coiseachd cho fada, bha an t-acras air an dithis aca. Theasaich iad brot air stòbh agus ghabh iad e. Cho-dhùin iad an dèidh sin gun sreapadh iad Beinn Mhòr a bha air an cùlaibh. “Feumaidh sinn Uamh a’ Phrionnsa Teàrlaich air cliathaich na beinne seo fhaicinn,” thuirt Alasdair. “Fhuair i a h-ainm oir theirear gun do chaidil e innte an dèidh Blàr Chùil Lodair,” thuirt Alasdair. “Bha m’ athair ag innse dhomh mu deidhinn agus tha cuid ag ràdh gu bheil pocannan airgid am falach an àiteigin timcheall oirre.”

“Feumaidh gun robh e a’ dèanamh gu leòr cadal ma tha,” thuirt Iain, “Tha uamhan a’ Phrionnsa air feadh na Gàidhealtachd.’

Thòisich iad a’ dìreadh na beinne. Bha am pathadh air Iain air sgàth cho teth ’s a bha an latha air fàs agus cho cas ’s a bha a’ bheinn. Bha seallaidhean brèagha ri fhaicinn bhon mhullach. Dh’fheuch iad ris an uaimh a ruigsinn ach bha an talamh ro shleamhainn. Leis a h-uile càil a bha air tachairt, cha robh iad airson iad fhèin a chur ann an cunnart. Bha iad sgìth nuair a thill iad ach cha d’ fhuair Iain mòran cadail an oidhche ud eadar fuaim an uisge agus sgread cailleach-oidhche anns na craobhan.

Anns a’ mhadainn, an dèidh dhaibh èirigh agus biadh a ghabhail, choisich iad chun an loch a dh’iasgach. An dèidh greis lagaich a’ ghaoth agus nochd na meanbh-chuileagan. Bha an dithis aca a’ tachas gun sgrur leotha. Las Alasdair teine far an robh iad le maidean agus fraoch a bha ri làimh. “Tha sin nas fheàrr,” thuirt Alasdair, “Cumaidh ceò an teine air falbh iad.” Ach cha robh iad toilichte fada. Gu h-obann ghabh an teine grèim anns an fhraoch ri taobh an locha agus cha b’ fhada gus an robh teine mòr aca. Teine ro mhòr! Thòisich Alasdair a’ ruith le mugaichean airson bùrn às an loch a chur air an teine. Bha Iain ga bhualadh le a sheacaid agus ga stampadh le a bhòtannan. Mu dheireadh, an dèidh uair a thìde, bha an teine às. Bha na meanbh-chuileagan air teicheadh cuideachd! Cho-dhùin iad an uair sin gum falbhadh iad dhachaigh. Bha e mu naoi uairean nuair a nochd iad anns a’ chidsin aig Iain a-rithist. “Ciamar a chòrd an turas ribh ma-tà?” dh’fhaighnich athair Iain.

Choimhead Iain air a sheacaid agus a bhòtannan. “Cha tèid mise a champachadh gu bràth tuilleadh!” thuirt e agus shuidh e sìos air beulaibh an telebhisein.

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Carson a bha an t-acras orra?

_____ 1

2. Ciamar a fhuair an uamh a h-ainm?

_____ 2

3. Dè bhiodh cuid ag ràdh mun uaimh?

_____ 2

4. Carson a bha am pathadh air Iain?

_____ 2

5. Dè chitheadh iad bho mhullach na beinne?

_____ 1

6. Carson nach d' fhuair iad don uaimh?

_____ 1

7. Carson nach d' fhuair Iain mòran cadail?

_____ 2

[Tha ceistean 8, 9, 10 agus 11 air duilleag a seachd

Comharraidhean

8. Carson a las Alasdair teine?

2

9. Ciamar a dh'fhàs an teine ro mhòr?

2

10. Ainmich dà rud a rinn Iain gus an teine a chur às.

2

11. Dè am beachd a bha aig Iain air campachadh aig an deireadh?

1

(18)

[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|

G

Total
Mark

| |
|--|
| |
|--|

1220/29/02

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIARDAOIN, 2 CÈITEAN
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

THURSDAY, 2 MAY
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
GENERAL
LISTENING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

| |
|--|
| |
|--|

Baile

| |
|--|
| |
|--|

Ciad ainm(ean)

| |
|--|
| |
|--|

Sloinneadh

| |
|--|
| |
|--|

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|

| | | | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|

Àireamh an t-suidheachain

| |
|--|
| |
|--|

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Earrann A

Èist ris an earrainn.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an dà phàirt, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Earrann B

Cluinnidh tu an earrann dà thuras.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN

Earrann A

Pàirt I

1. Dè cuspair a' phrògraim seo?

| | |
|---------------------|--|
| truailleadh na mara | |
| cunnartan mara | |
| beathaichean mara | |

1

2. Dè bha riamh eadar a' mhuir agus muinntir nan Eilean?

2

3. Dè am feum a rinn a' mhuir do mhuinntir nan Eilean?

3

4. A bharrachd air iasg, dè eile a bhios na bàtaichean a' toirt dhachaigh?

1

5. Càit a bheil na taighean-bìdh spaideil?

2

6. Dè bha na gaisgich deònach a dhèanamh?

2

Comharraidhean

Pàirt II

7. Dè an obair a th' aig Daibhidh MacNèill?

2

8. Dè bhios a' cur dragh air na fir nuair a th' aca ris am bàta a chur gu muir?

2

9. Dè cho tric 's a bhios am bàta a' dol gu muir?

| | |
|--|--|
| uair san latha | |
| uair san t-seachdain | |
| uair sam bith nuair a bhios feum oirre | |

1

10. Dè tha an inntinn Dhaibhidh air oidhche stoirmeil?

2

11. Ainmich dà adhbhar airson am bàta a chur gu muir.

2

12. Cuin a bhios gnothaichean doirbh don chriutha a' tighinn dhachaigh?

1

(21)

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

Earrann B

1. Cuin a thachair an tubaist air an robh Daibhidh a' bruidhinn?

_____ 1

2. Cò ris a bha an t-sìde coltach an latha ud?

_____ 2

3. Dè thachair don ghille nuair a bha e ag iasgach?

_____ 2

4. Ciamar a chaidh do chriutha a' bhàta-teasairginn an toiseach?

_____ 2

5. Dè am fiosrachadh a fhuair iad air an rèidio?

_____ 3

6. Dè dh'fhàg eagal uabhasach air Daibhidh?

_____ 2

7. Dè thug air a neart a lorg a-rithist?

_____ 1

Comharraidhean

8. Dè thachair nuair a dh'iarr e air a h-uile duine a bhith sàmhach?

2

9. Dè an staid san robh na daoine nuair a fhuair iad grèim orra?

2

10. Carson a bha Daibhidh den bheachd gun robh e na dhuine fortanach?

2

(19)

[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/29/12

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIARDAOIN, 2 CÈITEAN
3.00 PM – 3.30 PM

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

THURSDAY, 2 MAY
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Earrann)

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
GENERAL
LISTENING TRANSCRIPT

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN A

Tha Catriona Chaimbeul na preasantair air sreath de phrògraman rèidio mu chunnartan.

Pàirt I

Feasgar math agus fàilte oirbh chun a' phrògram. Air an t-seachdain seo, tha mi gu bhith a' bruidhinn air cunnartan mara. Bha a' mhuir riamh cudromach do na daoine a tha a' fuireach sna h-Eileanan agus chaidh mòran sgeulachdan innse mu na ceanglaichean làidir eadar a' mhuir agus na daoine. Tha a' mhuir air a bhith a' cumail biadh ri teaghlaichean fad iomadh bliadhna, ged nach robh mòran airgid aca.

Tha a' mhuir fhathast gar cuairteachadh sna h-Eileanan agus bidh bàtaichean-iasgaich fhathast a' toirt na ghlacas iad air ais chun a' chidhe. An-diugh, tha cuid mhath den iasg agus den mhaorach a' falbh gu taighean-bìdh spaideil sna bailtean mòra agus san Roinn Eòrpa. Ach chan eil a' mhuir an-còmhnaidh cho taiceil. Tha sinn tric a' cluinntinn mu ghaisgich a tha deònach am beatha fhèin a chur ann an cunnart airson beatha dhaoine eile a shàbhaladh aig muir. An-diugh, cluinnidh sinn bho chuideigin a tha air a bhith ag obair aig muir fad fichead bliadhna. Cuiridh sinn fàilte air Daibhidh MacNèill.

Pàirt II

Tha mi air a bhith nam sgiobair air bàta-teasairginn fad iomadh bliadhna. Nuair a gheibh sinn fios gu bheil againn ris am bàta a chur gu muir, chan eil sinn cinnteach dè tha romhainn. Uaireannan, feumaidh sinn a dhol a-mach grunn thursan ann an seachdain ach aig amannan eile, tha sinn a' feitheamh greis mhòr gus am bi feum aig cuideigin oirnn a-rithist. Feumaidh sinn a bhith deiseil an-còmhnaidh ge-tà, agus nuair a thèid mi don leabaidh air oidhche stoirmeil sa gheamhradh, tha e aig cùl m' inntinn gum b' urrainn dhomh a bhith aig muir mus tig a' mhadainn.

A bharrachd air a bhith a-muigh nuair a tha bàta air a dhol fodha, gu math tric thèid sinn gu muir a' feuchainn ri tubaist a sheachnadh cuideachd. Faodaidh sinn tilleadh dhachaigh taingeil gu bheil sinn air beatha cuideigin a shàbhaladh no faodaidh gnothaichean a bhith doirbh don chriutha a' tilleadh dhachaigh gun sgeul air na daoine a tha a dhìth. Feumaidh tu fàs cleachdte ri sin no cha b' urrainn dhut an obair seo a dhèanamh.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Parts I and II and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt I

Feasgar math agus fàilte oirbh chun a' phrògram. Air an t-seachdain seo, tha mi gu bhith a' bruidhinn air cunnartan mara. Bha a' mhuir riamh cudromach do na daoine a tha a' fuireach sna h-Eileanan agus chaidh mòran sgeulachdan innse mu na ceanglaichean làidir eadar a' mhuir agus na daoine. Tha a' mhuir air a bhith a' cumail biadh ri teaghlaichean fad iomadh bliadhna, ged nach robh mòran airgid aca.

Tha a' mhuir fhathast gar cuairteachadh sna h-Eileanan agus bidh bàtaichean-iasgaich fhathast a' toirt na ghlacas iad air ais chun a' chidhe. An-diugh, tha cuid mhath den iasg agus den mhaorach a' falbh gu taighean-bìdh spaideil sna bailtean mòra agus san Roinn Eòrpa. Ach chan eil a' mhuir an-còmhnaidh cho taiceil. Tha sinn tric a' cluinntinn mu ghaisgich a tha deònach am beatha fhèin a chur ann an cunnart airson beatha dhaoine eile a shàbhaladh aig muir. An-diugh, cluinnidh sinn bho chuideigin a tha air a bhith ag obair aig muir fad fichead bliadhna. Cuiridh sinn fàilte air Daibhidh MacNèill.

(10 seconds)

CEISTEAN

1. Dè cuspair a' phrògram seo?
truailleadh na mara, *no*
cunnartan mara, *no*
beathaichean mara
(30 seconds)
2. Dè bha riamh eadar a' mhuir agus muinntir nan Eilean?
(30 seconds)
3. Dè am feum a rinn a' mhuir do mhuinntir nan Eilean?
(30 seconds)
4. A bharrachd air iasg, dè eile a bhios na bàtaichean a' toirt dhachaigh?
(30 seconds)
5. Càit a bheil na taighean-bìdh spaideil?
(30 seconds)
6. Dè bha na gaisgich deònach a dhèanamh?
(30 seconds)

Pàirt II

Tha mi air a bhith nam sgiobair air bàta-teasairginn fad iomadh bliadhna. Nuair a gheibh sinn fios gu bheil againn ris am bàta a chur gu muir, chan eil sinn cinnteach dè tha romhainn. Uaireannan, feumaidh sinn a dhol a-mach grunn thursan ann an seachdain ach aig amannan eile, tha sinn a' feitheamh greis mhòr gus am bi feum aig cuideigin oirnn a-rithist. Feumaidh sinn a bhith deiseil an-còmhnaidh ge-tà, agus nuair a thèid mi don leabaidh air oidhche stoirmeil sa gheamhradh, tha e aig cùl m' inntinn gum b' urrainn dhomh a bhith aig muir mus tig a' mhadainn.

A bharrachd air a bhith a-muigh nuair a tha bàta air a dhol fodha, gu math tric thèid sinn gu muir a' feuchainn ri tubaist a sheachnadh cuideachd. Faodaidh sinn tilleadh dhachaigh taingeil gu bheil sinn air beatha cuideigin a shàbhaladh no faodaidh gnothaichean a bhith doirbh don chriutha a' tilleadh dhachaigh gun sgeul air na daoine a tha a dhith. Feumaidh tu fàs cleachdte ri sin no cha b' urrainn dhut an obair seo a dhèanamh.

(10 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

7. Dè an obair a th' aig Daibhidh MacNèill?
(30 seconds)
8. Dè bhios a' cur dragh air na fir nuair a th' aca ris am bàta a chur gu muir?
(30 seconds)
9. Dè cho tric 's a bhios am bàta a' dol gu muir?
uair san latha, *no*
uair san t-seachdain, *no*
uair sam bith nuair a bhios feum oirre
(30 seconds)
10. Dè tha an inntinn Dhaibhidh air oidhche stoirmeil?
(30 seconds)
11. Ainmich dà adhbhar airson am bàta a chur gu muir.
(30 seconds)
12. Cuin a bhios gnothaichean doirbh don chriutha a' tighinn dhachaigh?
(30 seconds)

Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN B

Tha cuimhn' agam fhathast air aon fheasgar san t-Sultain. Bha fìor dhroch latha ann le gaoth bhon iar-dheas. Fhuair sinn fios gun robh gille òg air tuiteam don mhuir far an robh e ag iasgach air creagan a bha gu math sleamhain. Chaidh am bàta-teasairginn a ghairm a-mach agus ged a rinn sinn ar dìcheall, cha b' urrainn dhuinn an gille a lorg. Fhuair sinn fios air rèidio gun robh athair a' ghille air leum don mhuir cuideachd nuair a thuit am fear òg. Tha e coltach gun robh e air grèim fhaighinn air a' ghille, ach a-nise bha an dithis aca a dhith.

Bha criùtha a' bhàta uile glè eòlach air a bhith a-muigh ann an droch aimsir agus stiùir sinn am bàta gu faiceallach timcheall a' chost. Gu h-obann, bhuail tonn a bha fichead troigh a dh'àirde am bàta agus shaoil mi gun robh am bàta a' dol fodha. Airson dà dhiog bha eagal uabhasach orm, ach nuair a chuimhnich mi gur mi sgiobair a' bhàta, lorg mi mo neart aon uair eile. Chuir sinn dheth einnsean a' bhàta agus dh'iarr mi air a h-uile duine a bhith sàmhach. Mu dheireadh thall, chuala sinn guthan fann ag èigheach bho chreagan faisg air làimh.

Chan urrainn dhomh innse dhuibh cho taingeil 's a bha mi an gille agus athair fhaicinn nan seasamh air a' chreig a' smèideadh. Bha iad gu bhith reòidhte le fuachd ach bha iad beò. Nam leabaidh an oidhche ud, smaoinich mi air cho fortanach 's a bha mi gum b' urrainn dhomh a bhith a' cuideachadh dhaoine ann an suidheachadh èiginneach.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]